

MG

ALBA

PASGAN-FASTAIDH

CLÀR-INNSE

FÀILTE	3
AR SAOGHAL	4
AR LUACHAN	5
TUAIRISGEUL OBRACH	6
SANAS AGUS STIÙIREADH AIRSON TAGRADH	8

Facal bhon Àrd-Oifigear againn...

Tha sinn a' sireadh dà Neach-cruthachaidh Susbaint Ghoirid (aon dhreuchd maireannach agus aon dhreuchd air cùmhnant ghoirid stèidhte airson 12 mìosan) airson an sgioba againn ann an Steòrnabhagh no Glaschu.


Mar Neach-cruthachaidh Susbaint Ghoirid, cruthaichidh is foillsichidh sibh susbaint bhidio didseatach airson ùrlaran sòisealta BBC ALBA, a' cur ri conaltradh is fàs an luchd-amhairc.

'S e àm inntinneach a th' ann a bhith mar phàirt de rudeigin luachmhor, agus ma tha na sgilean agus am modh-obrach cheart agaibh gus diofar a dhèanamh bu toil leinn cluinntinn bhuaibh.

Anns a' phasgan seo gheibh sibh tuairisgeul obrach, sanas obrach agus stiùireadh airson tagradh.

Ma tha riatanasan ciorraim, ruigsinneachd no in-ghabhail sam bith agaibh, feuch an innis sibh dhuinn. Bidh an sgioba againn toilichte freagradh reusanta sam bith a tha a dhìth oirbh a chur an sàs gus an urrainn dhuibh làn phàirt a ghabhail sa phròiseas fastaidh.

Tha sinn a' coimhead air adhart ri ur tagradh.



Dòmhnall Caimbeul
13/04/2026

AR SAOGHAL



GÀIDHLIG ANNS GACH ÀITE



AIRSON GACH NEACH

BBC ALBA 



AR LUACHAN

CRUTHACHALACHD

Tha sinn a' comasachadh cruthachadh sàr-shusbaint Ghàidhlig.

LUCHD-AMHAIRC

Tha sinn air ar fiosrachadh agus air ar brosnachadh le ar luchd-amhairc.

ÀRD-AMAS

Tha sinn ag amas air agus a' lìbhrigeadh sàr-mhathas

CO-BHANNTACHD

Tha sinn a' coileanadh tro cho-obrachadh.

SPÈIS

Tha sinn ag èisteachd; tha sinn a' brosnachadh; tha sinn cothromach.



Neach-cruthachaidh Susbaint Ghoirid

Tìotal Obrach	Neach-cruthachaidh Susbaint Ghoirid	Ìre	C1	Uairean Seachdaineil	37
Àite	Steòrnabhagh no Glaschu				
Raon Tuarastail	£32,555 - £36,750				
Adhbhar	Susbaint didseatach tarraingeach a chruthachadh agus fhoillseachadh airson BBC ALBA thar diofar ùrlaran didseatach, a' dèanamh cinnteach à compàirteachadh, fàs luchd-amhairc, agus co-thaobhadh ri prìomhachasan ro-innleachdail.				
Cunntachail do	Àrd-Riochdaire				
Dàimhean-obrach	<p><u>A-staigh</u> – Sgioba Susbaint MG ALBA agus Sgioba Corporra MG ALBA</p> <p><u>A-muigh</u> – Luchd-amhairc, Solaraichean Taobh a-muigh, Co-obraichean aig a' BhBC</p>				
Amas	<ul style="list-style-type: none"> Susbaint ghoirid is ghiorraichte a chruthachadh bho no co-cheangailte ri susbaint choimiseanaichte BBC ALBA airson ùrlaran didseatach gus compàirteachadh ri luchd-amhairc. Taic a thoirt do shanasachd prògraman BBC ALBA air ùrlaran didseatach BBC ALBA, a rèir ro-innleachd didseatach + margaidheachd. Dèanamh cinnteach gu bheil an t-susbaint a' freagairt ri roghainnean an luchd-amhairc agus a' cumail buntainneach airson foillseachadh air diofar ùrlaran, an-dràsta Instagram BBC ALBA, Facebook BBC ALBA, Tik Tok BBC ALBA, YouTube BBC ALBA. 				
Prìomh Thoraidean	<ul style="list-style-type: none"> Co-obrachadh le luchd-obrach sa bhuidhinn a' leantainn gu susbaint ghoirid chruthachail air a libhrigeadh ann an deagh àm a rèir dùilean an Sgioba Susbaint agus an Sgioba Foillseachaidh. Co-obrachadh soirbheachail le solaraichean taobh a-muigh a' leantainn gu libhrigeadh èifeachdach de shusbaint ghoirid chruthachail airson foillseachadh air ùrlaran mheadhanan sòisealta BBC ALBA agus YouTube BBC ALBA. Meudachadh ann an compàirteachadh agus sàsachd luchd-amhairc tro shusbaint intinneach, chuimsichte. 				
Prìomh Dhleastanasan	<ul style="list-style-type: none"> Deasaich agus dèan grunn phìosan susbaint gach latha airson ùrlaran mheadhanan sòisealta BBC ALBA. Dèanamh thiotalan, beothachadh bunaiteach agus fo-thiotalan gus susbaint BBC ALBA a chur air adhart. Cum sùil air coileanadh nam meadhanan sòisealta agus ceangail gu cunbhalach le co-obraichean an sgioba foillseachaidh gus dàta a sgrùdadh airson toradh fhiosrachadh agus a leasachadh. 				

- Cum an-àirde ris an fhiosrachadh as ùire mu luchd-amhairc, treandan ùrlaran agus deagh chleachdadh nam meadhanan sòisealta gus dèanamh cinnteach gu bheil susbaint fhathast buntainneach agus buadhach.
- Co-òrdanaich le companaidhean riochdachaidh gus susbaint adhartachaidh mheadhanan sòisealta a dhealbhadh airson BBC ALBA.
- Ceangail ri sgioba mheadhanan sòisealta a' BhBC gus dèanamh cinnteach à co-thaobhadh brannd agus gus ùrachaidhean a chur an gnìomh ann am branndadh a' BhBC.
- Seas a-steach airson cho-obraichean didseatach eile, far a bheil sin riatanach.
- Fritheil riatanasan Sgioba Corporra MG ALBA airson ghrafaigean bunaitheach, taisbeanaidhean, LinkedIn agus showreels gus leigeil le MG ALBA conaltradh le luchd-ùidh agus luchd-amhairc.
- Cruthaich susbaint ghoirid bho àm gu àm bho thachartasan BBC ALBA agus MG ALBA ma thèid a choimiseanadh leis an Sgioba Susbaint.
- Gèilleadh gu tur ri stiùireadh deasachaidh a' BhBC agus cleachdadh cunntachail de na cunntasan mheadhanan sòisealta pearsanta agaibh fhèin.
- Gèilleadh susbaint ghoirid airson foillseachadh air ùrlaran BBC ALBA agus MG ALBA.

Faid:

1 x dreuchd maireannach

1 x dreuchd air cùmhnant ghoirid stèidhte airson 12 mìosan

Sanas

Thig còmhla rinn!

Tha sinn a' fastadh!

Mar ar Luchd-cruthachaidh Susbaint Ghoirid, cruthaichidh agus foillsichidh sibh susbaint bhidio didseatach tarraingeach airson ùrlaran sòisealta BBC. Tha sinn a' sanasachadh aon dhreuchd maireannach agus aon dhreuchd air cùmhnant ghoirid stèidhte airson 12 mìosan.

Gus a bhith soirbheachail san dreuchd seo, bidh eòlas agaibh ann an dreuchd ionann ann an àrainneachd nam meadhanan no craolaidh. Bidh sibh nur co-obraiche làidir, air leth eagraichte le comas làidir susbaint didseatach tarraingeach a thoirt gu buil agus iomairtean èifeachdach a chur an gnìomh a dh'àraicheas compàirteachadh luchd-amhairc agus a bhrosnaicheas fàs.

Còmhla ri tuarastal farpaiseach, bidh cothrom agaibh cuideachd air raon de shochairan, nam measg:

- Sgeama peinnein tabhartach – 10% tabhartasan fastaiche, 5% a bharrachd ma thèid a mhaidseadh.
- 31 latha de shaor-làithean bliadhnail agus 6 saor-làithean poblach (pro rata)
- Cothroman ballrachd gym
- Cleachdaidhean obrach sùbailte agus càirdeil do theaghlaichean
- Sgeama Rothaireachd gu Obair
- Ag obair airson fastaiche a fhuair aithne mar Creideas nar Cosnaichean (Òr), Creideas ann an Sunnd (Coitcheann) agus Creideas nar Cosnaichean Òga (Òr).

Ceann-latha mu dheireadh airson tagraidhean – **27 Giblean 2026, 5f. Cha ghabhar ri tagraidhean fadalach.**

Stiùireadh airson Tagradh:

Cuiribh ur Cunntas-beatha agus litir còmhdaich gu hr@mgalba.com a' mìneachadh carson a bu chòir beachdachadh oirbh agus ur tuigse air mar as urrainn dhuibh an dreuchd a choileanadh gu soirbheachail.

MÒRAN TAING!

